



PÀRTAIDH
UAINÈ
NA H-ALBA

AR DÀN COITCHEANN

MANIFESTO 2021



PHOTO: Pascale Amez

SUSBAINT

Ro-ràdh	3-4
Plana ceart do èiginn na gnàth-shìde	4
Ar n-Eaconamaidh is Bun-Structar	5
Cìsean cothromach	6
Cumhachd is atharrachadh cothromach	7
Còmhhdail	8
Taigheadas	9
Leasachadh àrainneachd na h-Alba	10
Biadh is Àiteachas	11
Ar cuain is cladaichean	11-12
Ceist an Fhearainn	12
A' dìon ainmhidhean na h-Alba	13
Neo-eisimeileachd is àite na h-Alba anns an Roinn Eòrpa	13-14
Gnothaichean Cèin	14
Foghlam	15
Slàinte	16-17
Deamocrasaidh ionadail is coimhearsnachdan	18
Dìon Sòisealta	18-19
Co-ionannachd	19-20
Ceartas	21
Cultar	22

RO-RÀDH

Tha an uair a' ruith oirnn. Tha ar gnàth-shìde ag atharrachadh mar-thà, ag adhbharachadh teintean coille millteach, tuiltean uabhasach, teas marbhtach is sgrìos do-labhairt am measg bheathaichean. Tha an saoghal ann an trioblaid, agus tha is Alba; air ar sgaradh bhon Roinn Eòrpa is gun na cumhachdan a tha dhìth gus coimhearsnachd làidir, ch-ionnan is uaine a thogail. Tha an eaconamaidh a' fulang is obraichean gan call, neo-ionnannachd ag èirigh, dùbhlain mhòra do shiostaman foghlaim is slàinte, agus tha tàire againn cùisean a thogail as dèidh COVID. Chan e seo a thathas ag iarraidh dhuinn fhìn, dor cuid-cloinne no don t-saoghal anns an fharsaingeachd. Tha na h-Uainich air dàn eile a thaghadh.

'S e Ar Dàn Coitcheann plana dàna gus saoghal nas fheàrr a thogail do gach neach againn rè nan còig bliadhna a tha ri teachd is gu ruige 2030. Bidh atharrachadh na lùib. Bidh e a' ciallachadh tuilleadh a thoirt a-mach air iasad gus tuilleadh a chur an sàs, agus iarraidh sinn air an fheadhainn as beartaiche barrachd a phàigheadh. Ach chan iarr sinn leisgeul son seo. Oir tha atharrachadh deatamach. Tha ar saoghal an urra ri na nì sinne: gun gabh sinn slighe eadar-dhealaichte agus sinn a' tighinn a-mach à ùpraid is beathannan briste a' ghalair lèir-sgaoilte.

Cha chan sinn gum bi e furasta na h-amasan aig Ar Dàn Coitcheann a choileanadh. Ach tha ar buill ann an Taigh an Ròid air sealltainn tro na bliadhnaichean gum faodar earbsa a chur ann an Uainich na h-Alba gus rudan a thoirt gu buil. Rinn iad strì le dìcheall is dealas, agus tha na rinneadh follaiseach. Smaoinich a-nis dè ghabhadh a dhèanamh le

AR DÀN COITCHEANN MANIFESTO 2021

tuilleadh bhòtaichean Uaine is barrachd bhuill Uaine. Seasaidh sinne an aghaidh nan dùbhlann coitcheann a tha mar coinneamh uile. A' togail eaconamaidh as ùr, a' dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde, ag ath-thogail sheirbhisean poblach, a' ceartachadh nan neo-ionannachdan a tha follaiseach 's a' fàs, agus a dhubhas às cothroman beatha cus againn, agus mar a tha ar n-àrainneachd nàdarra a bheathaicheas sinn a' tuiteam às a chèile.

Faighnich seo dhut fhèin: a bheil thu ag iarraidh tuilleadh den aon rud, no am bhòt thu mar gum biodh do bheatha ri teachd gu lèir an urra ris?

PLANA CEART DO ÈGINN NA GNÀTH-SHÌDE

Sa Phàrlamaid mu dheireadh bha Uainich na h-Alba riatanach gus Achd Gnàth-Shìde adhartach aontachadh a tha a' cur dealas air Alba ar cuid eimiseanan a ghearradh 75% ro 2030. Feumaidh ar n-eaconamaidh is coimhearsnachd atharrachadh bho bhun gu bàrr gus an coileanar seo. Feumaidh gach gnìomhachas, gach earrann den eaconamaidh agus gach neach seasamh ris an dùbhlann seo. Le seo, feumar obair èasgaidh is dàna bho Riaghaltas na h-Alba, an-dràsta fhèin. Ach gu ruige seo, tha na gnìomhan sin air a bhith a dhìth. Cha do choilean Alba a cuid amasan àrainneachd dà bhliadhna às dèidh a chèile, agus tha emiseanan còmhdaidh gu h-àraid, a' sìor fhàs. Cuiridh am prògram ann an Ar Dàn Coitcheann Alba air slighe a dhaingnicheas obair atharrachail tron phrògram riaghaltais againn, agus a chuireas dha-rìreabh gnìomhachasan uaine, bun-structar uaine agus gnìomh aig cridhe ar planaichean airson ath-bheothachadh eaconamach na h-Alba.

AR N-EACONAMAIDH IS BUN-STRUCTAR

Sa Phàrlamaid ma dheireadh, dh'aontaich Uainich na h-Alba laghan a chuireadh casg air seachnadh chìsean, a chuir dìon air obraichean poblach, a rinn cìsean teachd-a-steach nas cothromaiche, agus a fhuair tuilleadh ionmhais do sheirbheisean poblach. Cuiridh sinne ath-bheothachadh eaconamaidh uaine air dòigh, a' cruthachadh obraichean uaine, a' dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde, agus a' dèanamh Alba nas cothromaiche.

Na nì sinn:

- Cuiridh sinn co-dhiù £7.5bn ann am bun-structar uaine, lethid cumhachd ath-nuadhachail, an àrainneachd is taighean blàth, a' cruthachadh còrr is 100,000 dreuchd.
- Iarraidh sinne tuarastal nas cothromaiche do luchd-obrach, cuiridh sinn taic ri aithneachadh aonaidhean is cothroman barganachaidh, cuiridh sinn casg air obair chugallach is cuiridh sinn taic ris an atharrachadh gu obair 4 là san t-seachdain gun lùghdachadh pàighidh.
- Bheir sinn gealladh obrach, foghlaim no trèanadh do òigridh is do luchd-obrach connadh-fosail.
- Tasgar ann an roinn-gnìomhachais uaine adhartach aig ìre na cruinne.
- Cuirear taic ri gnìomhachasan gus a bhith cunntachail a thaobh àrainneachd is coimhearsnachd.

CÌSEAN COTHROMACH

Sa Phàrlamaid mu dheireadh, fhuair Uainich na h-Alba na milleanan notaichean do sheirbheisean poblach agus atharrachaidhean ann an cìsean teachd-a-steach a tha a' ciallachadh gu bheil a' mhòr-chuid a' pàigheadh nas lugha is daoine beartach a' pàigheadh barrachd. Tha Uainich na h-Alba ag iarraidh gnìomhan dàna gus am bi airgead gu leòr ann do sheirbheisean poblach, agus siostam cìsean cothromach ann a dhèiligeas ris an neo-ionnannachd a tha na masladh dar coimhearsnachdan.

Na nì sinn:

- Cuiridh sinn co-chruinneachadh sluaigh air dòigh a nì molaidhean mu chìsean is seirbhisean poblach san àm ri teachd.
- Nì sinn siostam cìsean teachd-a-steach far am pàigh iadsan le àrd-thuarastalan tuilleadh.
- Bheir sinn cìs-beartais aon turas a-steach air prothaidean nan companaidhean mòra ri linn COVID gus taic a chur ri na raointean den eaconamaidh as motha a dh'fhuiling.
- Nì sinn oidhirp cìs-beartais bhliadhnail a chur air ionmhas is sealbh as fhiach barrachd air £1m.
- Cuiridh sinn às don chis-comhairle is cìs ùr air sealbh togte a bhiodh a' ciallachadh nach pàigheadh a' mhòr-chuid de theaghlaichean uiread is gum pàigheadh an fheadhainn as beartaiche barrachd.
- Cosgais luchd-siubhail tric a chur an àite Cìs Luchd-Siubhail Adhair.

CUMHACHD IS ATHARRACHADH COTHROMACH

Fhuair buill Uaine tuilleadh airgid do bhun-structar uaine mar chumhachd ath-nuadhachail, bhathas air thoiseach ann am Pàrlamaid na h-Alba san strì gus casg a chuir air fracachadh, agus stèidhich iad amasan laghail do shiostaman teas uaine. Feumar a-nis comas-fàs cumhachd ath-nuadhachail na h-Alba a chur gu feum gus gnìomhachas le buadh eadar-nàiseanta a chruthachadh, a ghluaiseas an t-atharrachadh gu eaconamaidh net-zero, a chruthaicheas dreuchdan uaine le deagh thuarastail, agus a leigeas bunaitan son eaconamaidh le ceartas is beartas.

Na nì sinn:

- Cùmhnant ùr le gnìomhachas na gaoithe gus meud na roinne a dhùblachadh ro 2030 is còrr is 6,000 obair a chruthachadh.
- Gnìomhachas cumhachd làn-mara adhartach a chruthachadh ro phrògram ionmhais £435m, a chruthaicheas còrr is 4,000 obair.
- Cuir an aghaidh fuasglaidhean fuadain do èiginn na gnàth-shìde samhail haidridean stèidhichte air connadh fosail.
- Atharrachadh cumhachd cothromach, ceart is seasmhach a libhrigeadh le taic do luchd-obrach is coimhearsnachdan a tha an crochadh air gnìomhachasan connaidh fosail.
- Crìoch a chur air ola is gas a' Chuain a Tuath a rèir dleastanasan eadar-nàiseanta.

CÒMHDHAIL

Fhuair Uainich na h-Alba barrachd airgid do bhun-structar airson bhaidhsagalan, coiseachd is cuibhleadh agus e aig còrr is £100m gach bliadhna, fhuaras £10m do bhàtaichean-aiseig nan Eilean a Tuath, agus rinneadh siubhal bus an-asgaidh do dhaoine fo aois 21 a' tòiseachadh as t-samhradh am-bliadhna. Cuiridh sinne plana còmhhdhail air chois a dhèiligeas ri èiginn na gnàth-side le prìomhachas a thoirt do chòmhdhail phoblach, baidhsagalan, coiseachd is cuibhleadh agus crìoch a chuir air cleachdadh connadh-fosail.

Na nì sinn:

- Nì sinne còmhhdhail phoblach sho-ruigsinneach le sgeamaichean gus cosgaisean rèile a ghearradh is siubhal bus an-asgaidh a leudachadh don h-uile neach gu aois 26.
- Lìbhrigidh sinn am prògram Rèile do na h-Uile leis na h-Uainich, a thogas siostam rèile ùr, leis a' phoball, gun charboin, do dh'Alba agus a chruthaicheas còrr is 16,000 obair.
- Àrdaichidh sinne am buidseat siubhal gnìomhach gu co-dhiù £320m gus taic a thoirt do bhaidhsagalan, coiseachd is taic a chur ri cruthachadh choimhearsnachdan còig mionaidean deug.

TAIGHEADAS

Tron ghalar lèir-sgaoilte fhuair Uainich na h-Alba air casg a chur air màladair fhuadachadh às na dachaighean aca sa gheamhradh, rinneadh cinnteach gum faodadh oileanaich fios-fàgail a thoirt do stiùirichean àite-fuirich prìobhaideach agus thug sinn a-steach siostam maoin èiginneach nam màladair. Is e ar rùn gum bi cothrom aig a h-uile neach an Alba air dachaigh aig prìs ruigsinneach, agus a tha sàbhailte, seasgair agus uaine.

Na nì sinn:

- Taighean blàth, cofhurtail is uaine a sholarachadh dha na h-uile agus 70,000 is barrachd a chruthachadh le adhartachadh prògraman caomhnaidh cumhachd.
- Cùmhnant ùr a chur an sàs do mhàladairean, le tèarainteachd a bharrachd agus piseach air taighean air màl.
- Inbhe is an stòras de thaighean poblach a thogail gus am faigh tuilleadh dhaoine dachaighean freagarrach ceart.
- Gus dol an sàs ann an cosgais taigheadais, togar 84,000 dachaigh airson màil sòisealta ro 2033, staidhichear riaghailtean làidir air màl taighean shaor-laithean, agus cuirear smachdan màl air chois.

LEASACHADH ÀRAINNEACHD NA H-ALBA

Chruthaich buill Uaine maoin leasachaidh nàdair ùr luach £10m, rinneadh an geàrr-bàn mar ghnè tèarainte agus chuireadh stad air planaichean airson leasachadh millteach a bhiodh na chunnart do Loch Laomainn. Leis an dà shuidheachadh èiginneach mu ar coinneamh: briseadh sa ghnàth-shìde agus crìonadh ann am farsaingeachd bheathaichean, feumaidh sinn ar n-àrainneachd a dhìon is a leasachadh agus Alba uaine, neoni-charboin a thogail.

Na nì sinn:

- Airgead a thasgadh ri leasachadh is dìon phàircean, sgìrean gorma is àrainneachd nàdarraich na h-Alba, a' cruthachadh còrr is 6,000 cosnadh.
- Àrainneachd nàdarraich na h-Alba a leasachadh agus stad a chur air a' chrìonadh san nàdar le leudachadh is cur ri dìon fearainn is ainmhidh, le amasan son slànachadh nàdar is taic do dh'ath-fhiadhachadh.
- Ionmhas a thasgadh ann am pàircean nàiseanta, roinneil, is ionadail gus am faighear barrachd cothrom air ionadan gorma.
- Eaconamaidh cruinn a thogail le nas lugha de dh'iartras son stuthan is nas lugha de sgudal.
- Taic do dh'ath-chur nan coilltean agus taic airgid do leudachadh mòr ann an coilltean poblach is coimhearsnachd.

BIADH IS ÀITEACHAS

Sa phàrlamaid mu dheireadh fhuair Uainich na h-Alba aonta eimiseanan àiteachais a lùghdachadh ann am Bile Atharrachadh na Gnàth-shìde agus choisinneadh àite son “agroecology” gus dèiligeadh ri èiginn gnàth-shìde agus nàdair. Lìbhrigidh sinn poileasaidh àiteachais is bidhe gu tur ùr, gus dèiligeadh ri èiginn gnàth-shìde agus nàdar, a ’dìon ar goireasan nàdarrach, agus a bheir taic do choimhearsnachdan dùthchail agus cruthachadh obraichean uaine.

- Dèanamh cinnteach gun cùm airgead àiteachais taic ri lùghdachadh ann an carboin agus cleachdadh fearainn freagarrach, a’ cur èiginn na gnàth-shìde is nàdar air thoiseach.
- Bile Deagh Bhiadh na Dùthcha a chur air adhart a stèidhicheas poileasaidh cunbhalach bìdh a dhèiligeas ri buaidh shlàinteil, shòisealta is àrainneachd aig bìdh.

AR CUAIN IS CLADAICHEAN

Chuir Uainich na h-Alba stad air dreideadh is sgrìos air làraich feamainn na h-Alba, stèidhich iad Sgìrean Dìon Mara ùra, a dìon nan cearban, mucan-mhionc, leumadairean is fachaich, chuir iad stad air gluasad ola bho bhàta gu bàta ann an Caolas Chrombaidh is Linne Foirthe. Tha sinn ag iarraidh gun soirbhich le coimhearsnachdan nan cladach, agus nì sinne na dh’fheumas gus ar n-uisgeachan is cladaichean a dhìon, a leasachadh is a stiùireadh, is cuiridh sinn casg air gnothaichean neo-sheasmhach.

AR DÀN COITCHEANN MANIFESTO 2021

Na nì sinn:

- Cuiridh sinn romhainn gun dìonar co-dhiù 30% de na cuantan againn gus ar n-àrainneachd is creutairean eag-samhail a dhìon agus taic a chur ri iasgach seasmhach.
- Laghan ùra a chur an sàs gus àrainneachd faisg air na cladaichean a dhìon, taic ri gnìomhachas iasgaich ri cladaich a bhios soirbheachail is coibhneil don àrainneachd agus cuideachadh ler coimhearsnachdan cladaich gus soirbheachadh.
- Taic a chur ri gluasad gu iasgach bradain seasmhach.

CEIST AN FHEARAINN

Stèidhich Uainich na h-Alba taic do fhearainn is maoin ann an làmhnan nan coimhearsnachd ann an amasan Iomairt Cheann a Deas na h-Alba agus dheasaich iad athchuinge le 13,000 ainm ag iarraidh crìoch a chur air cothrom ceannach fearainn aig Flamingo Land a-mhàin anns a' Bheallach: cothrom nach robh a' còrdadh ri muinntir na sgìre. Feumar atharrachaidhean mòra san dòigh sam bheil a' gabhail sealbh is a' cur feum air fearann gus cruth ùr a chur air an eaconamaidh le cuideam air feabhas an àite airgid.

Na nì sinn:

- Glèidhidh sinne fearann na h-Alba do mhuinntir na h-Alba le bhith cur an aghaidh na dòigh sam bheil sealbh air fearann ann an Alba.
- Sealbh coimhearsnachd air an fhearann ath-leasachadh, oir bu chòir dhan h-uile duine buannachd fhaighinn às an fhearann agus guth a bhith aca air ciamar a chleachdar e.
- Cothrom siubhal air fearann na h-Alba gus cur-seachadan a-muigh a dhèanamh saor, seasmhach is so-ruigsinneach do na h-uile.

A' DÌON AINMHIDHEAN NA H-ALBA

Chuir buill Uaine stad air marbhadh nan geàrr-bàn, thug iad air P&O Ferries sgar a shiubhal le laoi gh bheò eadar Alba is an Roinn Eòrpa, agus rinn iad cinnteach gun robh inbhe dìon aig bìobhairean na h-Alba. Tha e nar rùn stad a chur air beathaichean fulang fo làmhan dhaoine.

Na nì sinn:

- Cuiridh sinn stad ceart air sealg nan sionnach
- Stad air losgadh air a' chearc fhraoich.
- Dìon air beathaichean tuathanaich; casg air cleachdadh creataichean breith do mhucan is cèidsichean 'saoibhrichte' do chearcan.
- Piseach air cor nam beathach peata, casg air rèis nan cù-ghorma.
- Casg air ribeachan borba do bheathaichean leithid dubhain is ribeachan glaoth.

NEO-EISIMEILEACHD IS ÀITE NA H-ALBA ANNS AN ROINN EÒRPA

Gun bhuill Uainich cha bhiodh mòr-chuid airson neo-eisimeileachd anns a' Phàrlamaid mu dheireadh. Choisinn sinn taic Pàrlamaid gum faigheadh saoranaich EU is daoine aois 16 is 17 bhòt ann an dàrna bhòt air neo-eisimeileachd. Tha Uainich na h-Alba den bheachd gum leigeadh neo-eisimeileachd san Roinn Eòrpa leinn Alba chothromach is uaine a thogail.

Na nì sinn:

- Bithear ag iomairt agus a' bhòtadh do referendum air neo-eisimeileachd san ath Phàrlamaid.

- An argamaid a thogail son Alba neo-eisimeileach, cothromach is uaine.
- Iomairt son tilleadh don EU mar dhùthaich neo-eisimeileach cho luath is a ghabhas.

GNOTHAICHEAN CÈIN

Ghlèidh buill Uaine na h-Alba cùis-lagh an aghaidh Riaghaltas Bhreatainn a' soilleireachadh gum faod a' Phàrlamaid Artaigil 50 a tharraing air ais gu h-aon-taobhach, cho-òrdanaich iad litir le 50 luchd-poilitigs Eòrpach a thuirte gum biodh fàilte air Alba neo-eisimeileach san EU, agus dh'aontaich iad riaghailtean ùra do bhuidhnean poblach na h-Alba sgrùdaidhean còirichean dhaoine a dhèanamh air companaidhean, nam measg companaidhean armachd, mus fhaighear maoin. Saoilidh sinne gum bu chòir Alba a dhol an sàs sa choimhearsnachd eadar-nàiseanta gus fuasglaidhean seasmhach, còraichean daonna agus sìth adhartachadh.

Na nì sinn:

- Àite na h-Alba san Roinn Eòrpa agus san t-saoghal a thogail.
- A bhith dealasach sa choimhearsnachd eadar-nàiseanta.
- Taic a chur ri sgaoileadh banachdach COVID do na h-uile.
- Saothair a dhèanamh gus saoghal a bhith againn às aonais uidheaman-cogaidh niùclasach.
- Taic Riaghaltas na h-Alba do ghnìomhachas airm a stad.
- Ar n-àite air buidhnean eadar-nàiseanta is lìonraidh malairt a chleachdadh gus seasamh cor nan sluagh brùite.

FOGHLAM

Sa Phàrlamaid mu dheireadh dh'aisig sinn 124,565 tomhasan-ìre a chaidh am meas gu mì-chothromach aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte, cho-rèitich sinn tuilleadh ìonmhais gus 2,000 neach-teagaisg a bharrachd fhastadh, agus fhuair sinn atharrachaidhean ann an teagasg gus am faigheadh òigridh fòghlam-feise stèidhichte air co-aonta. Leanaidh sinn oirnn a' tagradh son siostam foghlaim a bheir urram do chòirichean cloinne, a ghabhas ri iomadachd is co-ionnannachd, agus a dh'aithnicheas cho riatanach is a tha cluich anns na bliadhnaichean tràth gu h-àraidh; is gu bheil airgead is luchd-obrach gu leòr ann.

Na nì sinn:

- Dèiligeadh ri neo-ionnannachd ann am foghlam, am measg eile biadh-sgoile an-asgaidh a leudachadh gu cloinn àrd-sgoile gu lèir.
- Taic do thidsearan a bhith a' teagasg agus 5,500 a bharrachd de luchd-teagaisg maireannach.
- Taic do thràth-bhliadhnaichean is cùram cloinne le bhith cinnteach gum bi cothrom co-ionnan aig cloinn, an cothrom a bhith tòiseachadh san sgoil a chur dheth airson ùine agus tuilleadh cothrom air luchd-teagaisg sgoiltean-àraich fhaighinn.
- Prìomhachas do shlàinte, sunnd is comasan sòisealta na cloinne sna bun-sgoiltean, casg air obair-dhachaigh, aois tòiseachaidh na sgoile àrdachadh gu seachd agus ìre sgoil-àraich do chloinn 3-6.
- Sna h-àrd-sgoiltean, a bhith cinnteach gum bi comas aig cloinn an còirichean fhèin a sheasamh, gum faighear cothromachd, agus teisteanasan a nochdas an comasan.

- Tuilleadh a dhèanamh gus cuideachadh le sgoilearan le feumalachdan a bharrachd, 2,500 luchd-teagaisg feumalachdan a bharrachd fhasdadh.
- Buidhnean foghlam nàiseanta na h-Alba ath-leasachadh gus earbsa a chosnadh as ùr.
- A bhith cinnteach gu bheil taic gu leòr aig na colaistean agus gum faighear ionmhas oileanach mar anns na h-oilthighean fhèin.
- Tilleadh gu Erasmus+

SLÀINTE

Choisinn Uainich na h-Alba deuchainnean cunbhalach do phrìomh luchd-obrach NHS agus cùram sòisealta, chruthaich iad dleastanas laghail air Riaghaltas na h-Alba gum biodh àireamh luchd-obrach iomchaidh aig an NHS, agus choisinn iad còir laghail aig luchd-altraim air Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach maoinichte. Saoilidh sinne gu bheil còir aig gach neach air an ìre as fheàrr de shlàinte chorporra is inntinn, agus aithnichidh sinn gum feum seo airgead a bharrachd a chur ann an cùram is poileasaidhean dealasach dìon a leantainn.

Na nì sinn:

- Taic do sheirbheis slàinte ann an Alba le taic-airgid freagarrach is fo smachd an t-sluaigh.
- Cuideachadh le luchd-obrach slàinte slànachadh às dèidh a ghalair lèir-sgaoilte, is taic do àrdachadh pàighidh 12.5% do luchd-altraim.

- Tuilleadh taic-airgid ann am prìomh-chùram is cùram-choimhearsnachd, dotairean-teaghlach is bùithtean-chungaidhean coimhearsnachd.
- Nì sinn cinnteach gu bheil plana luchd-obrach a tha a dhìth aig seirbheisean àillse do na tha de dhaoine a' cur feum air cùram.
- Obair a dh'ionnsaigh urram ann am bàs, cuiridh sinn laghan sàbhailte is coibhneil an sàs a bheir a' chòir do dh'inbhidh le tinneasan bàsmhor cuideachadh fhaighinn am beatha a thoirt gu ceann aig àm a tha freagarrach dhaibh fhèin.
- Nì sinn cinnteach gum bi co-ionannachd ann gu seirbhisean fiacaireachd fhaighinn.
- Cuiridh sinn £235m a bharrachd ann an seirbheisean slàinte-inntinn, agus leudaichidh sinn cothroman cùraim, m.e. le taic slàinte-inntinn ann an ionadan dhotairean-teaghlach.
- Togaidh sinn seirbhis slàinte a bhuineas don t-sluagh, agus cuiridh sinn leasachaidhean luath air chois gus taic is buannachd nas fheàrr a chumail ri luchd-cùraim.
- Dèiligeadh ri adhbhairean bunaiteach droch shlàinte, mar bochdainn, smocadh, mì-chleachdadh dhruagaichean is deoch agus truailleadh san adhar.
- Ionnsachadh bhon ghalar lèir-sgaoilte gus am faigh saidheans is cùram-slàinte an t-ionmhas, comas is goireasan dèiligeadh ri cunnartan san àm ri teachd.

DEAMOCRASaidh IONADAIL IS COIMHEARSNACHDAN

Chuir Uainich na h-Alba co-chruinneachadh sluaigh air adhart, choisinn iad geallaidhean cuir às do chìsean comhairle agus fhuair iad còrr is £500m a bharrachd do sheirbheisean ionadail. 'S e ar rùn Alba le siostam deamocratach riaghlaidh ionadail le cumhachd ga sgaoileadh, le earbsa is com-pàirteachadh an t-sluaigh.

Na nì sinn:

- Bheir sinn cumhachd is ionmhas do riaghladh ionadail, agus cuiridh sinn air adhart riochdachadh nas iomadaiche.
- Obraichidh sinn le coimhearsnachdan is cleachdaidh sinn na dòighean a th' againn leithid comataidhean planaidh gus am bi coimhearsnachdan nas fheàrr is nas treasa aig na h-uile.
- Cuiridh sinn rianachd choimhearsnachdan, sealbh is togail beartais aig cridhe ar cuid phlanaichean son ath-shlànachaidh eaconamaich uaine.

DÌON SÒISEALTA

Sa phàrlamaid mu dheireadh thug sinn a-steach Tabhartas an Luchd-Cùraim Òga, choisinn sinn gealladh nach biodh smachd-bhannan an cois prògraman cosnaidh Riaghaltas na h-Alba, stèidhich sinn am prògram Clann nas Fallainn is nas Beartaich, a' cur ri teachd-a-steach theaghlaichean as motha feuma, is chuir sinn às do choinneamhan aghaidh ri aghaidh an cois measadh taic ciorramaich. Tha a thìde ann pàighidhean dìon sòisealta a thogail a th' air an dealbh agus air am maoineachadh gu ceart gus cur an aghaidh bochdainn is gus am bi nas lugha neo-ionannachd ann a thaobh eaconamaidh, slàinte is foghlam.

Na nì sinn:

- Cuiridh sinn an aghaidh bochdainn chloinne le dùblachadh is luathachadh ann an taic-airgid cloinne Albannach, cuiridh sinn às dha bacaidhean sochairean, Bacaidhean an Dithis Chloinne, agus Clàs an Èigneachaidh.
- Nì sinn spàirn gus an cuidich taicean-airgid le daoine ciorramach is luchd-cùraim gu cothromach, a' leigeil cothrom leotha air an còraichean is pàirt a ghabhail sa choimhearsnachd. Àrdaichidh sinn sa bhad Taic an Luchd-Cùraim gus am faigh iad £105 gach seachdain.
- Bheir sinn a-steach deuchainn teachd a-steach bunasach uile-choitcheann.

CO-IONANNACHD

Sa Phàrlamaid mu dheireadh choisinn Uainich na h-Alba taic thar-phàrtaidh son taigh-tasgaidh tràilleachd, colonachd, eilthreachd is ìmpireachd a stèidheachadh, rinn iad strì son casg air companaidhean prìobhaideach prothaid a dhèanamh à dachaighean chomraichean agus choisinn iad cothrom bhòtaidh dha fògarraich. Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri buidhnean air an oir ann an spiorad dlùth-chomainn gus co-ionannachd adhartachadh.

Na nì sinn:

- Seasaidh sinn gu daingeann son feimineachas ion-ghabhalach, trasnach, le gnothaichean gnè gam fighe a-steach ann an pròiseasan ionmhais, dèiligeadh ris an diofar ann an tuarastalan eadar gnèithean, agus le sgrùdadh ciamar a tha siostam a' cheartais a' làimhseachadh fuath-bhan.

AR DÀN COITCHEANN MANIFESTO 2021

- Obraichidh sinn gus cur às do na bacaidhean an aghaidh ciorramach a bhith an lùib ar coimhearsnachdan, eaconamaidh is seirbhisean poblach. Nì sinne Cùmhnant Còirichean Dhaoine Ciorramach mar phàirt de Lagh na h-Alba.
- Obraichidh sinn son Alba adhartach is com-pàirteach far am faod a' choimhearsnachd LGBT+ is eadar-sheòrsach tighinn beò is soirbheachadh gu saor. Atharrachaidh sinn Achd Aithneachadh Gnè gus fèin-aidmheil laghail a cheadachadh agus casg a chur air tearpaidh atharrachaidh.
- Iarraidh sinn in-imrich a chur fo Phàrlamaid na h-Alba gus cur an aghaidh buaidh ghràin-chinnidheach poileasaidhean nàimhdeil in-imrich Oifis na Dùthcha san RA; gum biodh taigheadas luchd-comraich na ghnothach ionadail.
- Obraichidh sinn ler farsaingeachd bhuidhnean creideimh gus strì an aghaidh gràin is leth-bhreith stèidhichte air creideamh, agus cuir an aghaidh nan ìrean mì-chiatach de dh'eucoir gràin-creideimh.
- Nì sinn cinnteach gum faigh coimhearsnachdan Roma/ Luchd-siubhail na h-aon urraman is sochairean agus a bhuineas do choimhearsnachdan stèidhichte, le laghan ùra far am feumar, gus an dìonar an dòigh-beatha is dualchas.
- Seasamh còirichean fògarrach is coiteachadh gus an dèan Alba gach nì na comas gus fàilte a chur orra.

CEARTAS

Thug Uainich na h-Alba Achd Co-Ionnanachd ann an Dìon a' casg cronachaidh chorporra chloinne, chuir iad an aghaidh poileas armaichte a chleachdadh mar ghnàth, agus chuir iad dìon air còraichean bunaiteach dhaoine le stad a chur air Poileas Alba teicneòlas aithneachadh aodann. Tha sinn a' gealltainn dèiligeadh ris an liuthad neo-ionnanachd a chuireas ri adhbhair eucuir, agus seirbhis phoileas èifeachdach a chruthachadh a tha stèidhichte anns na coimhearsnachdan, le taic a' phobail, agus tha coltach ris an t-sluagh a tha còir aca a dhìon.

Na nì sinn:

- Nì sinn Poileas Alba làn chunntachail do shluagh na h-Alba.
- Cuir às don bhinn-cùirte “Neo-Dhearbhte.”
- Dèanamh cinnteach nach bi ach a' chuid as lugha de ainneart agus cleachdadh masgaichean-dìon smugaid gan cleachdadh ann an obair phoileis.
- Cothrom air Taic-airgid Laghail do luchd-fulang fòirneart dachaigh.
- Dì-eucuirich obair feise.
- Siostam nam prìosan ath-leasachadh gus cuideam a chur air ath-ghnàthachadh agus stad air binnean-prìosain goirid.
- Cuir an aghaidh eucuir co-cheangailte ri fiadh-bheathaichean.

CULTAR

Choisinn Uainich na h-Alba tuilleadh airgid do sheirbheisean ionadail cultarach, agus atharraichean ann an riaghailtean riochdairean a' BhBC a thaobh àite air an eadhair a thoirt dha urrasan an airgid dhorcha agus buidhnean a tha a' cleith an ceanglaichean ri companaidhean mòra, agus thug iad taic dha gluasadan cultarach gun chonnadh fosail. Saoilidh sinne gum bi buannachd mhaireannach an cois airgead a chur anns an roinn chultarach agus gnìomhachasan cruthachail, do ar cuid coimhearsnachdan, eaconamaidh is ar gnàth-shìde.

Na nì sinn:

- Cuiridh nì sinn airgead ann an sluagh is àitichean a tha ri cultar agus nithear cinnteach gu faigh gach sgìre buannachd às an seo le taic a chur ri ùghdarrasan ionadail Planaichean Cultarach a dheasachadh còmhla ri luchd-còmhnaidh, luchd-ealain is gnìomhachasan.
- Cuiridh sinn taic ri roinn chultarach a tha iomadach is com-pàirteach le riaghailtean gun fheum co-dhiù cuid de luchd-ealain a gheibh ionmhas a bhith le buntanas ri meanbh-sluagh.
- Togaidh sinn air fàs ann an roinn Sgrìn Alba agus dèanamh cinnteach gun cruthaich taic riaghaltais obraichean is cothroman ionadail.

